

Sanas prìobhaideachd - Liostaichean agus Fiosrachadh Conaltraidh

Ro-ràdh

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig. Mar phàirt den dleastanas sin, feumaidh sinn conaltradh a dhèanamh gu cunbhalach ri daoine aig a bheil dleastanas fon Achd no iadsan aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig fhèin, foghlam Gàidhlig no cultar na Gàidhlig.

Tha an sanas prìobhaideachd seo a' mìneachadh mar a bhios Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh an fhiosrachaidh phearsanta agaibh.

Dè am fiosrachadh a thathar a' cruinneachadh?

Tha liostaichean conaltraidh aig gach roinn ann am Bòrd na Gàidhlig airson adhbharan sònraichte. Bidh ur n-ainm agus ur seòladh puist-d an lùib an fhiosrachaidh a chruinnicheas sinn airson gach liosta conaltraidh. Nuair a tha sibh a' riochdachadh buidheann, clàrachaidh sinn a' bhuidheann a tha sibh a' riochdachadh agus, ma tha e buntainneach, ur tiotal-obrach. Dh'fhaodte gun iarr sinn àireamh fòn conaltraidh cuideachd ach cha tèid seo a chlàradh ach a-mhàin ma tha feum sònraichte againn air seo.

Ann an cuid de shuidheachaidhean, ma tha sibh ann an oifis phoblach no a' dèanamh obraichean poblach, dh'fhaodadh gun clàraich agus gun cleachd sinn ur seòladh obrach gus fiosrachadh ann an cruth pàipeir a chur thugaibh.

Cha chuir sinn duine sam bith ris na liostaichean fiosrachaidh ach nuair a tha adhbhar sònraichte ann air a shon. Thèid seo a mhìneachadh gu h-ìosal.

Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?

Fon Achd, tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig gus:

1. Bhrosnachadh agus dèanamh comasach brosnachadh:
 - i. cleachdadh agus tuigsinn na Gàidhlig, agus
 - ii. foghlam agus cultar na Gàidhlig
2. A bhith a' toirt comhairle (an dara cuid nuair a thèid seo iarraidh no nuair a chì e iomchaidh) do Mhinistearan na h-Alba, buidhnean poblach agus daoine eile a tha a' toirt seachad dleastanasan poblach air cùisean a' buntainn ri Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig
3. Comhairle a thoirt (le iarrtas) do dhaoine eile air cùisean ceangailte ris a' Ghàidhlig, foghlam na Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig.

Tha dleastanasan eile aig Bòrd na Gàidhlig fon Achd. Feumaidh iad:

- i. Conaltradh a dhèanamh le ughdarrasan poblach a thaobh Planaichean Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt a-mach òrdughan reachdail, a' cumail sùil air toirt gu buil a' phlana, agus ag ath-sgrùdadh Phlanaichean Gàidhlig;
- ii. Stiùireadh a chruthachadh (ann an conaltradh le luchd-ùidh) airson an dà chuid rianachd nam Planaichean Gàidhlig agus solar foghlam na Gàidhlig;
- iii. Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chruthachadh.

Gus gèilleadh ris na dleastanasan reachdail seo, bidh Bòrd na Gàidhlig a' cumail fiosrachadh mun luchd-ùidh agus luchd-conaltraidh.

An seòrsa fiosrachadh pearsanta a th' againn:

- i. Fiosrachadh airson an fheadhainn a tha nan neach-conaltraidh às leth buidheann a tha a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig, mar as àbhaist taic-airgead bho fhear de na sgeamaichean againn. Tha am fiosrachadh conaltraidh seo air a chleachdadh gus cumhaichean maoineachaidh a stiùireadh, a tha na phàirt den obair phoblaich againn, a bharrachd air a bhith a rèir ùidh dhligheach na buidhne a tha a' faighinn taic. Tha e a chum leas an dà bhuidheann dèanamh cinnteach gun tèid an t-iarrtas maoineachaidh a làimhseachadh agus a rianachadh, agus gun tèid na cumhaichean maoineachaidh a choileanadh. Bidh an aon stèidh laghail a' buntainn ri buidheann sam bith a tha a' cruthachadh Plana Gàidhlig gu saor-thoileach;
- ii. Ma tha sibh nur neach-conaltraidh às leth buidheann, is dòcha gum bi sibh nur "fo-sgrìobhaiche corporra" (faic am paragraf gu h-ìosal air Riaghailtean Prìobhaideachd agus Conaltradh Dealain (PECR)) Mar as àbhaist, bidh seo a' ciallachadh gum bi an seòladh puist-d agaibh ceangailte ris a' bhuidhinn agaibh, mar eisimpleir, ainm.sloinneadh@gaidhlig.scot. 'S dòcha gun cuir sinn thugaibh fiosrachadh cuideachd a tha, nar beachd, iomchaidh dhan bhuidhinn agaibh, mar eisimpleir nuair a thèid sgeamaichean maoineachaidh fhosgladh. Thèid fiosrachadh conaltraidh airson an t-seòrsa conaltraidh seo a làimhseachadh a rèir ùidhean dligheil Bhòrd na Gàidhlig agus na buidhne dhan tèid am fiosrachadh seo a chur;
- iii. Nuair a tha sibh air am fiosrachaidh conaltraidh pearsanta agaibh fhèin a thoirt seachad às leth buidheann, mar eisimpleir a' cleachdadh an t-seòlaidh puist-d agaibh fhèin mar fhiosrachadh airson iarrtas maoineachaidh airson buidheann coimhearsnachd, no airson rianachd buidheann tràth-bhliadhnaichean, chan e fo-sgrìobhadair corporra a bhios annaibh. Tha seo a' ciallachadh, ged a chleachdas sinn ur fiosrachadh airson maoineachadh a thoirt a-mach no airson cùisean ceangailte ris a' bhuidhinn mar a chaidh a mhìneachadh ann an paragraf i gu h-àrd, gum feum sinn cead fhaighinn airson puist-d sanasachd a chur thugaibh. 'S e feumalachd fo PECR a tha seo mar a thèid a mhìneachadh gu h-ìosal;

- iv. Fiosrachadh conaltraidh a tha a deatamach gus an coilean Bòrd na Gàidhlig na dleastanasan laghail aige. Tha adhbharan laghail airson a bhith gan cleachdadh gu math cuingealaichte agus ma tha am fiosrachadh conaltraidh agaibh ga chleachdadh airson an adhbhair seo, thèid seo a mhineachadh gu soilleir anns a' chonaltradh a gheibh sibh. Mar eisimpleir, ma chuireas sibh iarrtas a-steach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 far am feum Bòrd na Gàidhlig freagairt a chur thugaibh gu laghail. Thoir an aire nach tèid daoine a nì iarrtas FOI a chur ris na liostaichean fiosrachaidh gu fèin-obrachail.
- v. Fios mu dhaoine a thug seachad am fiosrachadh pearsanta airson fiosrachadh sanasachd fhaighinn, agus nach eil a' riochdachadh buidheann. Thèid am fiosrachadh seo daonnan a làimhseachadh fon stèidh laghail de dh'aonta mar a chaidh a mhineachadh gu h-ìosal.

Riaghailtean Prìobhaideachd agus Conaltradh Dealain (PECR)

Tha PECR fa leth bho GDPR agus tha dleastanasan a bharrachd ann mu dè dh'fheumar a dhèanamh airson gnìomhan margaidheachd dealain.

Far a bheil Bòrd na Gàidhlig a' brosnachadh na h-obrach a tha iad a' dèanamh no seirbheisean a tha rim faighinn, bidh cuid de na conaltraidhean a' tighinn fo PECR. Tha seo a' ciallachadh, nuair a chleachdas sinn fiosrachadh conaltraidh aig neach fa leth air adhbharan sanasachd agus margaidheachd, gum feum sinn aonta a bhith againn nuair tha an conaltradh dealanach.

Ma tha sibh air seòladh post-d pearsanta a thoirt dhuinn, dh'fhaodte gun iarr sinn aonta bhuaibh gus fios a thathar a' meas mar mhargaidheachd a chur thugaibh tro phost-d, fax, teacsa no teachdaireachd dealain eile. **Airson fios: mur a toir sibh aonta seachad, dh'fhaodte nach bi e comasach dhuinn fiosrachadh sanasachd sam bith a chur thugaibh, a' gabhail a-steach fiosrachadh mu sgeamaichean maoineachaidh no taic ùr sam bith eile.**

Chan eil an Rianachd aonta fhaighinn an sàs dhaibhsan a tha nam "fo-sgrìobhadairean corporra" ged a tha còir agaibh fhathast a bhith a' cur an aghaidh margaidheachd dìreach, mar a chaidh a mhineachadh fo Chòraichean a Bharrachd. Tha beagan shuidheachaidhean ann cuideachd far am faod Bòrd na Gàidhlig conaltraidhean a chur thugaibh no am fiosrachadh conaltraidh agaibh a phròiseasadh fon stèidh laghail gu bheil e riatanach gus gnìomh a choileanadh a chùm math a' phobaill. Tachraidh seo nuair nach eil ur cead againn ach gu bheil fiosrachadh ann a tha sinn den bheachd a dh'fheumas sinn a sgaoileadh gus ar dleastanas fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a libhrigeadh.

Nuair a tha cead againn stuthan margaidheachd dealain a chur thugaibh, faodaidh sibh ur n-aonta a thoirt air falbh uair sam bith. Airson fios: ged a thèid ur fiosrachadh a sguabadh às bho liostaichean margaidheachd sa bhad, is dòcha gum faigh sibh conaltradh bho Bòrd na Gàidhlig nuair a thèid a chleachdadh airson adhbharan seach margaidheachd, mar eisimpleir airson a bhith a' stiùireadh chumhachan aig maoineachaidh a tha buidheann air faighinn.

Tha aontaidhean làimhseachadh dàta aig Bòrd na Gàidhlig le buidhnean a tha a' làimhseachadh dàta pearsanta às ar leth far am feum an làimhseachadh tachairt taobh a-staigh an EEA. Cho fad 's a tha fios againn, cha tèid fiosrachadh sam bith a thug sibh seachad a thar-aiseag gu h-eadar-nàiseanta.

An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?

Dèiligidh an sgioba as fhreagarraiche taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig ris an conaltradh agaibh.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh làimhsichear dàta airson dèiligeadh ris a' mhòr chuid de na seirbheisean IT aige.

Uaireannan cuiridh Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh conaltraidh agaibh air adhart gu solaraiche treas pàrtaidh a tha a' solarachadh seirbhis às ar leth, no airson adhbharan rannsachaidh. Cha tèid ur fiosrachadh a cho-roinn ach a-mhàin nuair a thèid a chleachdadh airson adhbhar a tha ceangailte ris an adhbhar airson 's gun deach a chruinneachadh anns a' chiad dol a-mach, agus ma tha dìonan ceart an sàs.

Cha tèid fiosrachadh conaltraidh pearsanta a thoirt do threas pàrtaidh sam bith às aonais ur cead soilleir, ach a-mhàin ma tha riatanas reachdail ann gus seo a dhèanamh no ma tha am pròiseasadh sin laghail air adhbhar eile.

Dè tha tachairt nuair nach eil feum air mo chuid fhiosrachaidh tuilleadh?

Thèid na liostaichean conaltraidh againn a stiùireadh a rèir nan sgeidealan gleidhidh aig Bòrd na Gàidhlig. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh orra gu tric airson dèanamh cinnteach gu bheil iad ceart agus nua-aimsireil, agus uaireannan iarraidh sinn oirbh ur fiosrachadh a dhearbhadh. Far a bheil sibh air iarraidh a bhith air tè de na liostaichean conaltraidh againn, dh'fhaodte gun cuir sinn fios thugaibh uairean airson dearbhadh gu bheil sibh fhathast airson ar fiosrachadh fhaighinn, mur a h-eil sinn air cluinntinn bhuaibh airson ùine fhada.

Thèid luchd-conaltraidh a thoirt bhon liost cho luath 's nach urrainn dhuinn an dearbhadh, no le iarrtas, sa bhad. Airson fios: dh'fhaodadh gun tèid ur fiosrachadh agus conaltradh co-cheangailte sam bith a chumail airson adhbharan eile, mar a tha air a mhìneachadh gu h-àrd, mar eisimpleir ma tha feum orra gus dleastanas reachdail airson Planaichean Gàidhlig a choileanadh.

Còraichean a Bharrachd

Fon GDPR, tha còraichean a bharrachd agaibh a thaobh ur fiosrachadh pearsanta. Tha còir agaibh:

- i. cead-inntrigidh iarraidh dhan fhiosrachadh phearsanta agaibh;
- ii. ceartachadh iarraidh air an fhiosrachadh phearsanta agaibh, a' ciallachadh gun tèid fiosrachadh ceàrr a chur ceart gun cus dàil;
- ii. iarraidh gun tèid am fiosrachadh pearsanta agad a dhubhadh às nuair a tha cumhachan sònraichte an sàs;
- iii. bacadh a chur air giullachd ann an suidheachaidhean àraidh;
- iv. cuir an aghaidh làimhseachadh;
- v. so-ghiùlaineachd dàta ann an cuid de shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan co-cheangailte ri ceartachadh, dubhadh às no bacadh a chur air adhart ri faightear sam bith aig a bheil ur fiosrachadh pearsanta. Tha fiosrachadh air faightearan ri lorg anns an roinn *An tèid am fiosrachadh agam a chur air adhart gu duine sam bith eile?*

'S dòcha gum bi amannan ann nuair nach urrainn do Bòrd na Gàidhlig gèilleadh ris na h-iarrtasan seo. Ma thachras seo le iarrtas a nì thu, thèid innse dhut carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ris an iarrtas agus mu roghainn sam bith eile a th' ann.

Nuair a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh le aonta, tha còir a bharrachd ann an t-aonta agaibh a thoirt air falbh uair sam bith. Bu chòir dhut a bhith mothachail, ged a sguireas Bòrd na Gàidhlig a bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh agad airson an adhbhair sin sa bhad, gur dòcha nach bi e daonnan comasach fiosrachadh a thoirt air falbh bhon àrainn phoblaich, mar eisimpleir far an deach a chleachdadh ann am foillseachaidhean ann an cruth cruaidh. Bu chòir fios a bhith agaibh cuideachd gu bheil an comas gus aonta a thoirt air falbh an sàs airson fiosrachadh pearsanta a-mhàin. Chan eil e seo an sàs airson fiosrachadh mu chomainn no mu buidhnean. 'S urrainn dhuibh fhaighinn a-mach mar a thèid ur fiosrachadh pearsanta a làimhseachadh gu laghail anns an roinn *Ciamar a thèid am fiosrachadh agam a chleachdadh?*

Faodaidh sibh ur n-aonta gus ur fiosrachadh a chleachdadh airson adhbharan margaidheachd a thoirt air falbh uair sam bith.

Gearanan

Ma tha sibh mì-thoilichte leis an dòigh anns an do làimhsich Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh pearsanta agaibh, tha còir agaibh gearan a dhèanamh dhan Choimiseanair Fiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta air feadh na RA. Gheibhear am fios conaltraidh aca aig <https://ico.org.uk>.

Fiosrachadh Dàlach

'S e Bòrd na Gàidhlig an Riaghladair Dàta (no Riaghladair) airson fiosrachadh pearsanta a tha air a chruinneachadh is air a làimhseachadh airson a bhith a' rianachd liostaichean conaltraidh luchd-ùidh agus eile. Làrach-lìn: <http://www.gaidhlig.org.uk/bord/en>.

Ma tha ceist sam bith agaibh mun fhiosrachadh anns an t-sanas prìobhaideachd seo, cuiribh fios chun an neach a leanas sa chiad dol a-mach:

Ceannard an Ionmhas is Cùisean Corporra/Oifigear Dìon Dàta

Bòrd na Gàidhlig

Taigh a' Ghlinne Mhòir

Rathad na Leacainn

Inbhir Nis

IV3 8NW

ofis@gaidhlig.scot

01463 225454

Dreach Version Number	Adhbhar/ Atharrachadh Purpose/Change	Ùghdar Author	Ceann-là Date
V2	Ùrachadh a dhith agus smachd sgiobhainn is logo BNG air an cur ris	SB/CNI	20/10/2022